

Plana Gàidhlig 2021-2026

Aithisg Bliadhna a h-Aon

Facal-tòiseachaidh

Chaidh an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 21 Ògmhios 2021, agus mairidh e fad còig bliadhna.

Tha a' Ghàidhlig agus a cultar na pàirt chudromach de choimhearsnachdan, dualchas agus fèin-aithne na h-Alba. Le puirt-adhair air feadh nan h-Alba agus còrr is 1 millean luchd-siubhail eadar-nàiseanta agus às an RA ann an 2021, tha HIAL airson nas urrainn dha a dhèanamh gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig agus ri bhith a' togail a h-inbhe air feadh na h-Alba.

Tha sinn air gealltainn inbhe na Gàidhlig àrdachadh, ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus cleachdadh a' chànain a bhrosnachadh.

Taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig againn tha na gealltanasan coitcheann againn a' gabhail a-steach còig eileamaidean:

- Faicsinneachd
- Luchd-obrach
- Gnothaichean làitheil
- Conaltradh Corporra
- Corpas

Gus na gealltanasan againn a choileanadh, tha sinn air plana gnìomh ullachadh a tha a' mineachadh nan gnìomhan àrd-ìre a ghabhas sinn thairis air beatha a' Phlana.

Tha am plana gnìomh an seilbh na buidhne air fad agus tha diofar roinnean an sàs ann a bhith a' libhrigeadh ar n-amasan. Bho chionn ghoirid, chaidh Lynne Clow a chaidh fhasdadh mar bhall de Bòrd HIAL mar stiùiriche neo-ghnìomhach sa Mhàrt 2022, ainmeachadh san dreuchd mar Ghaisgeach a' Bhùird gus taic a chumail ri ar gealltanasan Gàidhlig.

Na choilean sinn

Tha sinn toilichte aithris gu bheil sinn air 9 de na 11 cinn-uidhe taobh a-staigh a' phlana gnìomh againn a choileanadh aig deireadh a' chiad bhliadhna den Phlana Gàidhlig againn.

Tha an t-amas comas agus misneachd a thoirt dhan a h-uile neach-obrach poblach gus fàilte Ghàidhlig a chleachdadh agus sanasan fàilte Ghàidhlig a bhith aig ar deasgaichean seirbheis custamair air dheireadh air an targaid aig deireadh na h-ùine aithris.

Tha sinn air ìre de dh'iarrrtas airson conaltradh Gàidhlig bho luchd-siubhail agus luchd-ùidh a dhearbhadh tro ar suirbhidh luchd-obrach, ach cha robh e comasach dhuinn sgrùdadh sam bith a bharrachd a dhèanamh air iarrrtas.

Chaidh an dà amas seo nach deach a choileanadh fhathast a thoirt air adhart dhan phlana gnìomh againn airson a chriochnachadh ann am bliadhna a dhà.

Tha geàrr-chunntas air an adhartas a rinn sinn agus air na tha sinn air libhrigeadh sa chiad bhliadhna gu h-ìosal.

Inbhe	Àireamh / %	
Air targaid	9	82%
Air dheireadh air targaid	2	18%
Gun tòiseachadh air	0	0%
Air an stad no air an cur dheth	0	0%
Iomlan	11	100%

Na choilean sinn



Faicsinneachd

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Rinn sinn lèirmheas agus dh'ùraich sinn ar suaicheantasan corporra is puirt-adhair, a tha a-nis làn dà-chànanach agus a' toirt inbhe cho-ionann dhan Bheurla agus dhan Ghàidhlig.
- Rinn sinn cinnteach gu bheil na suaicheantasan dà-chànanach ùra rim faighinn le co-obraichean, le stiùireadh soilleir air an cleachdadh an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.
- Tha sinn air na suaicheantasan dà-chànanach ùra a thoirt a-steach ann an cinn-litreach agus teampaidean eileagtronaigeach ùra a tha a-nis gan cleachdadh.

Ni sinn na leanas:

- Leanaidh sinn air adhart a' leasachadh ar stiùiridhean brannd gus dèanamh cinnteach gu bheil ar beachdachadh air cleachdadh na Gàidhlig airson ar branndadh corporra, sgrìobhainnean agus teampaidean iomchaidh uile.
- Leanaidh sinn air adhart leis a' phrògram againn de shoidhnichean dà-chànanach airson soidhnichean ùra agus soidhnichean a tha a' dol an àite seann soidhnichean, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' gabhail a-steach nan suaicheantasan dà-chànanach againn.



Luchd-obrach

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Rinn sinn Suirbhìdh Sgìlean Gàidhlig dhan Luchd-obrach Tha seo air leigeil leinn an ìre conaltraidh sa Ghàidhlig taobh a-staigh na buidhne an-dràsta a chomharrachadh, cho math ri cothroman trèanaidh a dh'fhaodadh a bhith ann do na co-obraichean sin a tha airson an cuid Gàidhlig ionnsachadh no a thoirt air adhart. Chùm sinn seisean Mothachadh is Cànan Gàidhlig do cho-obraichean, a bha air a phàirt-mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus air a libhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal.

Ni sinn na leanas:

- Cleachdaidh sinn na prìomh thoraidhean bho Shuirbhìdh Sgìlean Gàidhlig an Luchd-obrach againn gus prìomhachas a thoirt air raointean leasachaidh agus gus taic a thoirt dhaibhsan sa bhuidhinn a tha airson Gàidhlig ionnsachadh no a bhiodh airson a bhith a' faireachdainn nas misneachaile a' bruidhinn Gàidhlig aig an obair.
- Cruthaichidh sinn seata-innealan Gàidhlig do luchd-obrach, a bheir a-steach mothachadh air a' Ghàidhlig agus fiosrachadh mu thrèanadh sgìlean cànan agus goireasan air-loidhne a bharrachd airson ionnsachadh na Gàidhlig.



Gnothaichean làitheil

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Tha sinn air cothrom a thoirt dhan luchd-obrach againn air na stuthan bhon iomairt nàiseanta #Cleachdi
- Tha sinn air faighinn a-mach, mar phàirt den t-suirbhìdh luchd-obrach againn, gum bi custamairean a tha airson conaltradh sa Ghàidhlig a' dèanamh sin aghaidh-ri-aghaidh no air a' fòn, agus chan ann ann an sgrìobhadh tro phost-d no litir.

Ni sinn na leanas:

- Bheir sinn eòlas agus brosnachadh do luchd-obrach poblach gus fàilte Ghàidhlig a thoirt do chustamairean.
- Cruthaichidh sinn soidhnichean "Fàilte" ann an Gàidhlig airson gach deasg fiosrachaidh puirt-adhair againn.
- Leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air an iarrtas air conaltradh Gàidhlig bho luchd-siubhail agus bho luchd-ùidh le fòcas air conaltradh beòil.



Conaltradh Corporra

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Lean sinn oirnn a' foillseachadh a h-uile sgrìobhainn chorporra, phoblach ann am Beurla agus Gàidhlig agus a bhith gam foillseachadh air an làraich-lìn againn.
- Tha sinn air am Ball Bùird Lynne Clow ainmeachadh mar Ghaisgeach Gàidhlig HIAL.

Ni sinn na leanas:

- Obraichidh sinn còmhla ri ar Gaisgeach Gàidhlig gus iomhaigh na Gàidhlig àrdachadh air feadh na buidhne.
- Cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh a h-uile sgrìobhainn chorporra a tha mu choinneamh a' phobaill ann am Beurla agus Gàidhlig.



Corpas

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Fhuair sinn dearbhadh sgrìobhte bhon eadar-theangair Gàidhlig a thathar a' cleachdadh gu cunbhalach gus ar n-obair eadar-theangachadh a dhèanamh gu bheilear a gèilleadh ris na pròtacalan agus inbhean Gàidhlig a tha a dhìth. Tha sinn air dearbhadh fhaighinn bho eadar-theangairean ad-hoc a chleachdas sinn bho àm gu àm gun lean iad na h-inbhean a tha a dhìth.

Ni sinn na leanas:

- Cùmuidh sinn oirnn a' sireadh dearbhadh sgrìobhte bho eadar-theangairean ùra sam bith gum bi iad a' cumail ris a' phròtacal agus na h-inbhean a tha a dhìth.